

Beagan bheachdan air an dreachd Phlana, mun a bheil e ro anmoch.
Bha mi an dòchas rud nas fhaide a sgrìobhadh ach tha an t-àm an comhnaidh a' ruith oirnn.

A thaobh "Leasachadh Corpais" (t.d. 17), tha mi a' smaoinneachadh gu bheil na rudan air an duilleig seo gu math cudromach - Facladaireachd, cruinneachadh agus cruthachadh briathrachais, stòran-dàta gramarail, 7c. Tha e cudromach gun téid Faclair na Gàidhlig air adhart. Tha e cudromach gun téid a h-uile rud fhoillseachadh air an Eadarlìon ann an dòigh fosgailte, gus am bi daoine ga chur gu feum.

Aig an aon àm, tha amhras orm gu bheil cus cudrom ga chur air aontachadh agus air "standardisation" mar a chanas an duilleag Bheurla. Chan eil dad ceàrr air a bhith ag aontachadh ri chéile, agus is tric a tha e math a bhith ag amas air beagan standardisation. Ach tha e gu math cunnartach, saoilidh mi, a bhith ga phutadh cus. Is tric a chaidh dochar a dhèanamh air cànan le h-oidheirpean amasgaidh air leasachadh agus standardisation. B'fheàrr leam gu mór nam biodh seo a' tachairt ann an dòigh nàdarra le bhith a' clàradh agus a' foillseachadh nan cleachdaidhean agus a' bhriathrachais a tha diofar dhaoine a' cur gu feum mu-thrath - "Descriptive" an àite "prescriptive". Nuair a chite na diofar cleachdaidhean agus faclan taobh ri taobh, bidh an luchd-cleachdaidh mar is trice a' tighinn mean air mhean gu aonta ann an dòigh nàdarra, oir bidh daoine mar as trice ag iarraidh an aon bhriathrachas a chleachdadh 's a tha daoine eile a' cleachdadh.

A thaobh gnòthaichean eile...

Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil rudan mar "Abair Thusa" gu math feumail far am bi daoine a' tighinn còmhla airson cupan tì agus briosgaid agus còmhradh sa Ghàidhlig. Ged a tha e sìmplidh agus saor, tha e gu math éifeachdadh, agus b'fhiach beagan airgid a chur ann airson buidhnean a bhrosnachadh sna diofar coimhearsnachdan.

Tha tòrr deagh-ghean dhan Ghàidhlig a-muigh air an t-saoghal, agus tha tòrr dhaoine air an Eadarlìon a tha deònach obair shaor-thoileach a dhèanamh airson na Gàidhlig. B'fhiach pròiseactan a stéidheachadh gus an neart seo a chur gu feum.

B'fhiach tighinn còmhla ri mion-chànanan eile gus rannsachadh agus liostaichean a dhèanamh air stuth a tha ri fhaighinn saor 's an asgaidh no air prìs ìseal agus a ghabhas eadar-theangachadh gu furasta gu diofar mion-chànanan:

- geamaichean agus cartùnaichean air an Eadarlìon a ghabhadh an teacs no an guth eadar-theangachadh;
- dolaidhean agus déideagan eile a ghabhadh guth Gàidhlig a chur riutha;
- uaireadair a ghabhadh an latha atharrachadh gu Gàidhlig;

agus iomadh rud beag eile.

An dòchas gum bi na beachdan agus smaointean seo gu feum.

Is mise le meas,
Caoimhín Ó Donnáile